

**Coinneamh:** Bòrd-stiùiridh  
**Ceann-là/Àm:** 13 Màrt 2025 aig 09.30  
**Càite:** Microsoft Teams

## **Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte**

### **1. Cùisean Tòiseachaidh**

#### **1.1. Fàilte is Leisgeulan**

##### **Buill Bùird an làthair:**

Màiri T NicAonghais (MTNA) [Cathraiche]

Dòmhnall K Mac a' Phì (DKM)

John Neil Dòmhnallach (JND)

Jennifer Gilmour (JG)

Seonaidh Charity (SC)

Rob Dunbar (RD)

Stewart MacLeòid (StML)

Michelle NicLeòid (MNL)

##### **An làthair:**

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard/Oifigear Cunntachail (ED)

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh (IMM)

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra (NP)

Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim (JMH)

Steven Kellow, Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan (SK)

Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais (OND)

##### **Leisgeulan:**

Cha robh gin ann.

#### **1.2. A' Nochdadh Chom-pàirtean**

JG – Riaghaltas na h-Alba

#### **1.3. Gnothach Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)**

Cha robh gin ann. Chaidh aithne a thoirt do Jennifer Gilmour aig a' choinneimh mu dheireadh aice agus chaidh taing a thoirt dhi airson a cuid obrach is taic don Bhòrd-stiùiridh.

## **2. Conaltradh**

### **2.1. Conaltradh le luchd-ùidh**

Thug ED fios mun fhiosrachadh sa phàipear a bha ag innse mu chonaltradh a chaidh air adhart thar nam mìosan a chaidh seachad. Thugadh fios gun robh tòrr conaltraidh a' tachairt le luchd-ùidh is leis na meadhanan agus thugadh fios air tuilleadh a chaidh a dhèanamh às dèidh don phàipear a bhith air a sgrìobhadh.

Thog an ceannard an deasbad poblach mu dheidhinn nam meadhanan sòisealta. Dh'fhaighnich Buill mu àireamhan luchd-leantainn air na meadhanan sòisealta agus thug an Ceannard fios gun robh na h-àireamhan seasmhach agus thugadh beachdan seachad air adhbharan a tha ag adhbharachadh ìsleachadh agus chaidh a ràdh nach eil cunnart ann aig an ìre seo. Thugaibh tuilleadh fios mu chothroman is dùbhlain agus mar a thathar a' dèanamh phlanaichean airson an àm ri teachd.

Dh'fhaighnich Buill mu dheidhinn an t-suidheachaidh anns bheil buidhnean poblach eile le cuid de na meadhanan sòisealta agus dh'innis an Ceannard mu chonaltradh le buidhnean eile agus gu bheil a' leantainn cleachdaidhean Riaghaltas na h-Alba

Bha còmhraidh ann mu mar a tha Bòrd na Gàidhlig a' sgaoileadh fios gu pàrantan is sgoiltean. Thug an Ceannard fios air ciamar a thathar a' dèanamh seo agus air beachdan airson ath-sgrùdadh a dèanamh air modhan.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

## **3. Plana Corporra is Coileanadh**

### **3.1. Plana Corporra: Aithisg air PCCan Plana Corporra 2023-28**

Thug IMM fios gu bheil na pàipearan air conaltradh agus foghlam mar phàirt mhòr den obair ann a bhith a' coileanadh nam PCCan. Thuirt e gum feumar beachdachadh air mar a thathar a' coimhead air an fhiosrachadh seo agus ga fhighe ri chèile. Thug e fios gu bheil am pàipear seo airson aire a' Bhùird-stiùiridh a thoirt dhan adhartas a tha air a bhith ann thairis air na mìosan a dh'fhalbh.

Thuir Buill gun robh an aithisg feumail agus èifeachdach a thaobh a bhith a' freagairt cheistean air adhartas. Thuir iad gu bheil na PCCan a' toirt seachad sealladh farsaing agus a' fighe chuspairean còmhla. Bheachdaich IMM air dòighean èifeachdach airson coimhead air an fhiosrachadh as cudromaiche.

Dh'fhaighnich Buill mu fhoillseachadh an Stiùiridh Reachdail air Foghlam agus am biodh buaidh aig Bile nan Cànan Albannach air seo. Dh'innis IMM gun robh seo a-mach airson co-chomhairle phoblach agus gun robhar den bheachd nach fhaighear aonta bhon Riaghaltas mus bi am Bile air a dhol troimhe.

Thog Buill ceist mu Phlanaichean Gàidhlig Coimhearsnachd agus thug IMM fios air dè an ìre aig a robh iad agus mu na h-amasan aca air an son.

Thug IMM fios as ùr do Bhuill air an ath ìre de SpeakGaelic agus beachdan air an ath cheum airson a' phròiseict. Thuir e cho chudromach 's a bhios na goireasan airson ionnsachadh a chur air dòigh agus gun tèid beachdachadh air mar a thèid iad seo a neartachadh. Thuir an Ceannard gun do choinnich i ris a' Bhòrd-stiùiridh agus thug i fios gu bheil a' toirt taic dhaibh ach gu bheil i mothachail nach e pròiseact aig Bòrd na Gàidhlig a th' ann.

#### Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

### **3.2. Foghlam agus Ionnsachadh**

Thug JMH iomradh air an fhiosrachadh as cudromaiche sa phàipear agus thuir i gu bheil seo uile co-cheangailte ris na PCCan sa Phlana Chorporra.

Bheachdaich Buill air ro-innleachdan a chaidh a dhèanamh cheana agus thuir JMH agus an Ceannard gun robh iad mothachail air an obair seo agus thug iad fios air dè an obair eile a bha a' dol an-dràsta.

Chuir Buill fàilte air an fhios mun obair chudromach seo agus bheachdaich iad air ionnsachadh inbhich agus air na dleastanasan a th' aig Ùghdarrasan Ionadail a thaobh seo.

Chaidh beachdachadh air a’ bhuaidh as urrainn a bhith aig Oilthighean air àireamhan luchd-labhairt inbheach ùra agus ciamar a thèid seo a neartachadh. Chaidh deasbad is beachdachadh a dèanamh air dòighean gus figearan de luchd-labhairt na Gàidhlig a thomhas agus mar as urrainnear taic a thoirt dhaibh gus na h-àireamhan àrdachadh.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

#### **4. Rianachd Mhì-chinntean**

##### **4.1. Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail**

Thug NP fios gun deach fios mu acranaimen a chur ris a’ chlàr agus gun tèid beachdachadh air puingeann eile a chaidh a thogail leis a’ Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd agus gun thèid seo a thaisbeanadh aig an ath choinneamh den Bhòrd-stiùiridh.

Thug StML, Cathraiche na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd, barrachd fios air na molaidhean a chaidh a thogail leotha agus dh’aithris e gun d’ fhuair iad barantas bhon luchd-sgrùdaidh air na cleachdaidhean a thaobh sgrùdadh mhì-chinntean.

Dh’fhaighnich Buill mun bhacadh air trusadh agus thug an Ceannard fios gu bheil seo sùbailte ach nach deach am bacadh a thogail.

Co-dhùnadh:

Dh’aontaich Buill ris a’ chlàr.

#### **5. Ionmhas**

##### **5.1. Aithisg Ionmhais**

Thug NP fios gun robh seo ann airson fiosrachadh agus barantas a thoirt don Bhòrd-stiùiridh gun robhar ag obair a dh’ionnsaigh deireadh na bliadhna ionmhas le dùil am buidseat air fad a chaitheamh.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh san aithisg.

## **5.2. Sgeama Subsadaidh Tabhartasan Leasachaidh**

Thug SK cùl-fhiosrachadh do Bhuill air carson a tha seo a dhìth agus thuir e gun robhar an dùil gum biodh an sgeama seo a' caitheamh a' bhuidseit leasachaidh air fad. Thug e tuilleadh fios air na riaghailtean a tha co-cheangailte ris Achd Smachdachaidh Shubsadaidhean 2022. Dh'innis e do Bhuill nach robhar an dùil ri cus buaidh air obair Bhòrd na Gàidhlig agus gun robhar a' sireadh aonta ann am prionnsapal.

Chaidh còmhraidh a chumail mu adhbhar na h-Achd seo agus chaidh tuilleadh fios a thoirt seachad air atharraichean agus carson a tha seo a' bualadh air obair Bhòrd na Gàidhlig.

Dhearbh SK gun deach comhairle laghail a ghabhail air seo agus gun robhar air a bhith ag obair air seo fad bliadhna mar phàirt de dh'ùrachadh cumhaichean sgeamaichean.

### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an sgeama ann am prionnsapal.

## **6. Cùisean Corporra**

### **6.1. Èifeachdas is Trèanadh a' Bhùird-stiùiridh**

Thug an Ceannard taing do Bhuill a lìon an t-suirbhidh agus airson molaidhean a chaidh a thogail taobh a-muigh a' phròiseis seo.

Bha na molaidhean uile ri fhaicinn sa phàipear agus thug ED tuilleadh fios air seo.

### Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

## **7. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh**

### **7.1. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh**

Thug an Ceannard fios gun deach Èifeachdas is Trèanadh a chur ris a' phlana-obrach airson fios as ùr a thoirt air molaidhean nas anmoiche sa phròiseas.

Chuir i ris na còmhraidhean a chaidh a chumail na bu tràithe sa choinneimh mu bhith a' toirt fiosrachadh air conaltradh, PCCan agus foghlam ri chèile.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Obrach.

**8. GISBE**

Ceann-là na h-ath choinneimh: 26/06/2025

**Deireadh an t-Seisein**